

## Loidhne-tìme an SSPCK

<b>1709</b>	An SSPCK air a chur air bhonn
<b>ro 1711</b>	5 sgoiltean air an cur air bhonn
<b>ro 1715</b>	25 sgoiltean gan ruith
<b>1741</b>	Briathrachas Gàidhlig agus Beurla Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair
<b>ro 1758</b>	176 sgoiltean gan ruith
<b>1766</b>	Tionndadh Gàidhlig air an Tiomnadh Nuadh
<b>1767</b>	Sgoiltean SSPCK a' ceadachadh Gàidhlig mar mheadhan teagaisg nan sgoiltean air Ghàidhealtachd (ged a lean sgoiltean paraiste a' cleachdadh Beurla a-mhàin).
<b>1801</b>	Bìoball Gàidhlig slàn – an Seann Tiomnadh air eadar-theangachadh
<b>1811</b>	An SSPCK a' ruith 290 sgoil a tha a' teagasg 16,000 leanabh air feadh na Gàidhealtachd 's nan Eilean.
<b>1824</b>	Mhol an SSPCK gun dèanadh clann le Gàidhlig sna sgoiltean aca leughadh Gàidhlig mus tòisicheadh iad air a' Bheurla.
<b>1828</b>	Leabhraichean-teacsa Gàidhlig air an toirt a-steach le taic bho Àrd-sheanadh Eaglais na h-Alba.

